

Bratha-naidheachd

Fo chasg sgaoliddh gu ruige 00:01 26 dhen Fhaoilleach 2022

Luchd-ciùil Cuimreach fon phrosbaig air àrd-ùrlar eadar-nàiseanta

Bidh ceòl-dùthcha na Cuimrigh meadhan an àrd-ùrlair – agus na sgrìn – mar phàirt de dh'fhèill mhòr de cheòl is cultar Ceilteach an latha an-diugh aig aon dhe na tachartasan eadar-nàiseanta as motha sa ghnìomhachas chiùil an ath-mhios (eadar 2 is 4 dhen Ghearran 2022).

'S e a' Chuimrigh a bhios na prìomh chom-pàirtiche eadar-nàiseanta aig Showcase Scotland a' chiad turas ann an 15 bliadhna, tachartas cliùmhòr a' ghnìomhachais chiùil aig fèill Celtic Connections. Bha barrachd air 130,000 de luchd-èisteachd an làthair aig an fhèill ann an Glaschu ann an 2020, a' gabhail a-staigh àidseantan bucaidh agus prìomhairean cultarach. Choimhead barrachd air 27,000 duine o co-dhiù 60 dùthaich air feadh an t-saoghail air an tachartas digiteach an-uiridh. Tha am prògram am bliadhna, tionndadh digiteach de Showcase Scotland agus Celtic Connections a bhios leth is leth, airson luchd-èisteachd ann an Alba, sa Chuimrigh agus sa chòrr dhen t-saoghal a thoirt cruinn.

Chaidh sianar de luchd-ciùil às a' Chuimrigh – N'famady Kouyaté, Eve Goodman, Pedair, Cynefin, The Trials of Cato agus NoGood Boyo – a thaghadh an cois gairm fhosgailte le Wales Arts International na thoiseach gus a' Chuimrigh a riochdachadh air an àrd-ùrlar eadar-nàiseanta. Tha an ceòl a thagh iad na mhac-samhail air ceòl ioma-nàdarrach, ion-ghabhalach is sgafanta na Cuimrigh an-diugh, ceòl a tha airson a ghuth fhèin a thogail ann an saoghal cliùmhòr eadar-nàiseanta a' chiùil Cheiltich.

Thuir Leas-mhinistear nan Ealan is an Spòrs, Dawn Bowden, na leanas: “Tha mi cho toilichte gu bheil luchd-ciùil às a' Chuimrigh san teis-meadhan aig Celtic Connections agus Showcase Scotland sa bhliadhna shònraichte seo dhan Chuimrigh. Seo cothrom fìor mhath airson dàimh nas treasa a bhrosnachadh eadar buidhnean ealain Cuimreach, Albannach agus eadar-nàiseanta, le co-chothroman do luchd-ciùil Albannach is eadar-nàiseanta an seo sa Chuimrigh cuideachd.

Tha ceòl aig cridhe cultar is coimhearsnachdan na Cuimrigh agus tha e cho cudromach dhar sunnd. Tha lorg ar dàimhean ri iomadh cultar air feadh an t-saoghail air a' cheòl againne. Sna h-amannan duilich seo, tha ceòl a' toirt sonas is dòchas do dhaoine sa Chuimrigh agus tha sinn a' dèanamh fiughair ri co-obrachadh cultarach seasmhach an-diugh agus an dèidh a' galair mhòir seo.”

'S e lèir-thaisbeanadh do ghnìomhachas a' chiùil a-mhàin am prìomh thachartas sa phrògram digiteach **Dihaoine an 4mh latha dhen Ghearran**, air an aon latha 's a chomharraichear **Dydd Miwsig Cymru (Là Ceòl na Cuimrise)**, fèill bhliadhnail de cheòl sa Chuimris an dà chuid sa Chuimrigh fhèin agus air feadh an t-saoghail.

[Gwefan | Website](#) [Twitter](#) [Facebook](#) [Instagram](#)

Fo stiùir Wales Arts International, am buidheann eadar-nàiseanta aig Comhairle ealain na Cuimrigh, chaidh an tachartas seo a stèidheachadh le taic brannd Cymru Wales aig Riaghaltas na Cuimrigh airson com-pàirteachas eadar-nàiseanta, leasachadh chùrsaichean-obrach is cothroman chuairtean do luchd-ciùil na Cuimrigh a bhrosnachadh. Togaidh e ìomhaigh na Cuimrigh agus bidh e na chothrom deasbaid mu iomadachd a' chultair Cheiltich.

Thuir Eluned Hâf, Ceannard Wales Arts International:

“Tha ceòl-dùthcha na Cuimrigh an ìmpis an saoghal a chuir an othail agus tha mi cho pròiseil 's a ghabhas às a sin. Eadar seinn bhinn shoilleir Eve Goodman, co-sheirm àraidh Pedair agus an dòigh anns a bheil dùthaich na Cuimrigh a' sruthadh tro cheòl Cynefin, ceòladaireachd nan Trials of Cato, na fuinn aighearach aig No Good Boyo agus an fhuaim dhraoidheil aig guth agus balafon N'famady Kouyaté a thogas drochaid eadar Afraga an Iar agus a' Chuimrigh, bheir ar ceòl togail do dhaoine 's bi e na thaisbeantas ùr do luchd-èisteachd air feadh an t-saoghail.

Mar a' Chuimrigh fhèin, thug ar co-oghaichean Ceilteach ann an Asturias, sa Bhreatainn Bhig, sa Chòrn, ann an Galicia, Èirinn agus Alba àrach dha na fuaimean àraidh aca fhèin. Tha coltas nach eil ceòl na Cuimrigh cho aithnichte ann an saoghal a' chiùil Cheiltich a bhrosnaich fonn àraidh agus aighearachd air dà thaobh a' Chuain Siar. Ach tha atharrachadh a' tighinn air cùisean. Tha a' Chuimrigh a' toirt cuireadh dhan t-saoghal eòlas a chur air fuaimean ioma-nàdarrach ar cànan, ciùil is dearbh-aithne fhìn am bliadhna. Ged a tha e na bhriseadh-dùil dhuinn uile nach bi cothrom againn ann an Glaschu am bliadhna, tha sinn a' dèanamh fiughair ri cothrom coinneachaidh an ath-bhliadhna agus bidh naidheachd againn mun phailteas chothroman a bhios ann aig an tachartas am bliadhna.”

A chomharradh toiseach Deichead Cànan Tùsanach nan Nàiseanan Aonaichte, 's e “Gwrandò – Èisteachd” an cuspair a chaidh a dhealbhadh dhan Chuimrigh airson ciad bhliadhna. Aig Showcase Scotland agus Celtic Connections, bidh sin a' ciallachadh èisteachd ri ceòl ann an Gàidhlig is Albais agus cothroman a chruthachadh do luchd-ciùil Albannach na sgìlean acasan a shealltainn sa Chuimrigh.

Thuir Dòmhnall Seathach, Riochdaire Cruthachail Celtic Connections a thagh an sianar de luchd-ciùil am measg gearr-liosta a rinn panail ioma-nàdarrach fo chathair Comhairle Ealain na Cuimrigh:

“Abair iongnadh a bh' orm nuair a chunnaic mi dè cho math 's cho ioma-nàdarrach 's a tha tagraidhean luchd-ciùil na Cuimrigh agus tha mi a' dèanamh fiughair rim faicinn air an àrd-ùrlar aig Celtic Connections am bliadhna. Leis gu bheil 2022 a' comharradh Deichead Cànan Tùsanach nan Nàiseanan Aonaichte, tha sinn a' dèanamh fiughair ri ceòl is taisbeantas ann an cànan thùsanach agus airson àitichean a chruthachadh dhaibh.”

Air sgàth cuingeachaidhean Covid-19, 's e tachartas digiteach air loidhne nas lugha a bhios ann eadar an 2na is 4mh latha dhen Ghearran, seach am prògram beò 5 làithean a bha fa-near dha Showcase Scotland o thùs. 'S ann do luchd-riochdachaidh a-mhàin a bhios an tachartas Spotlight Cymru Wales aig 3f Dihaoine an 4mh latha dhen Ghearran is chithear taisbeantas an t-sianair de luchd-ciùil Cuimreach ann air beulaibh luchd-èisteachd de riochdairean ciùil o fheadh an t-saoghail.

Bidh fèill Celtic Connections e fhèin na thachartas leth is leth, le prògram nas lugha de thachartasan beòtha agus prògram digiteach ri thaobh.

Bidh còrr is an dàrna leth dhen luchd-chiùil Chuimreach a bha gu bhith aig Celtic Connections ann agus bidh cothrom aig càch uaireigin eile – agus bidh iad uile san fhilm “Dyma Gymru | This Is Wales at Celtic Connections 2022”. Bidh am film seo mar phàirt dhen phrògram digiteach aig an fhèill. Tha tiocaidean gan reic an seo:

<https://www.glasgowlifetv.com/products/celtic-connections-2022-festival-pass>

A bharrachd air sin, tha Wales Arts International a' sior dhealbhadh susbaint còmhla ris na com-pàirtichean craolaidh aige, a' gabhail a-staigh BBC Cymru Wales, BBC Radio Cymru, S4C, BBC Scotland agus BBC Alba.

Mar phàirt de dhileab na Cuimrigh aig Showcase Scotland 2022, thèid prògram leasachadh luchd-ciùil a chur air bhonn le Tŷ Cerdd, trac agus Focus Wales airson cothroman chùrsaichean-obrach agus dàimhean nas teinne a bhrosnachadh eadar buidhnean na Cuimrigh, na h-Alba agus buidhnean eadar-nàiseanta nan ealan.

'S iad seo an sianar de luchd-ciùil a thagh Dòmhnall Seathach a bhios aig Showcase Scotland 2022:

Cynefin – Ceredigion

'S ann aig Owen Shiers à taobh an iar na Cuimrigh a bha an lèirsinn air a shon agus tha Cynefin a' siubhal tro thìr ceòl an àite, a' faighinn lorg air òrain is sgeulachdan, cuid dhiubh nach deach an clàradh a-riamh roimhe, agus a' toirt beatha ùr dhaibh nar làithean.

Beò aig Celtic Connections, Diciadain 2^{na} dhen Ghearran, 7.30f, Tèatar MhicMhicheil.

Eve Goodman – Gwynedd

Tha Eve Goodman na tè-chiùil dhà-chananach à Cuimrigh a Tuath agus tha a freumhan a cuid ciùil stèidhichte gu daingeann air an àite agus ga ghiùlan na guth soilleir. Tha Eve a' fighe an saoghal nàdarra agus am bòidhchead mun cuairt oirre còmhla agus tha faclan a cuid ciùil ag innse cò ris a tha e coltach a bhith beò nar latha.

Beò aig Celtic Connections, Diardaoin 3^{as} dhen Ghearran, 7.30f, Naomh Lùcas.

N’famady Kouyaté – Cardiff / Gini

Tha N’famady Kouyaté na shàr cheòladair à Gini (Conakry) agus tha e a’ nasgadh fuaimean beòthail Afragach nam Mandinka còmhla ri jazz, pop, indie agus funk Roinn-Eòrpa an Iar. Tha fuaim drùidhteach a’ bhalafon a’ fàgail gach pios aige làn aigheir.

Beò aig Celtic Connections, Disathairne 5^{mh} dhen Ghearran, 7.30f, An Tèatar Rìoghail.

No Good Boyo - Cardiff

Tha còmhlan NoGood Boyo fo bhuidh ciùil tradaiseanta ach aig an aon àm a’ feuchainn roc, pop agus EDM beats, a’ sracadh nan seann fhonn Cuimreach tradaiseanta ’s ceòl-gàire nan cois ge be càit am bi iad. Is faramach an t-aramach!

Pedair – A’ Chuimrigh a Tuath

Ghlac ceòl beò Pedair cridhe iomadh duine. Tha a’ cho-sheirm aca, dreachan ùra air tradaiseanan dùthchail na Cuimrigh agus na sàr sgilean aca ann a bhith a’ sgrìobhadh òrain a’ toirt cruinn tàlant an àraidh mar luchd-sgeulachd ciùil sa bheil spiorad na Cuimrigh agus àitichean eile.

The Trials of Cato – Wrexham

Le fuinn starramach is sgeulachdan drùidhteach is cliù mar “The Sex Pistols of folk” (J Davis), tha cnàmhan a’ chiùil thradaiseanta follaiseach aig na Trials of Cato, ach aig an aon àm a’ cur caran ùra ’s lasanta annta.

Beò aig Celtic Connections, Dihaoine an 4mh dhen Ghearran, 7.30f, Talla Chonsart Rìoghail Ghlaschu, New Auditorium

DEIREADH

Airson barrachd fiosrachaidh, dealbhan no ceist sam bith, cuirear fios gu Gwilym Hughes aig Working Word (Gwilym.hughes@workingword.co.uk - 07498 713 642)

RI AIRE AN LUCHD-DEASACHAIDH:

Tha Celtic Connections na fhèill ciùil thradaiseanta, roots is eadar-nàiseanta bhliadhnail a chomharraicheas ceòl Ceilteach agus na dàimhean aige ri cultaran eile air feadh an t-saoghail a thèid a chumail ann an Glaschu gach Faoilleach.

Tha Showcase Scotland na lèir-thaisbeanas is tachartas gnìomhachais ciùil eadar-nàiseanta fad còig làithean a bhrosnaicheas tàlant na h-Alba ri taobh com-pàirtiche eadar-nàiseanta bliadhna. ’S e tachartas digiteach air loidhne fad trì làithean a bhios ann

am bliadhna an cois cuingeachaidhean Covid-19. 'S e Showcase Scotland an tachartas ciùil eadar-nàiseanta as motha ann an Alba, agus bidh e a' tàladh luchd bucaidh, luchd-brosnachaidh fhèilltean, eagraichean thachartasan, àidseantan is daoine proifeiseanta on ghnìomhachas ciùil ann o fheadh an t-saoghail. Thèid Showcase Scotland a chumail gach bliadhna rè fèill Celtic Connections.

'S e am buidheann eadar-nàiseanta aig Comhairle Ealain na Cuimrigh a th' ann am Wales Arts International. Tha WAI a' dèanamh cinnteach gum bi com-pàirteachas eadar-nàiseanta aig luchd-ciùil na Cuimrigh; a' brosnachadh is a' cur ri cleachdaidhean, cùrsaichean-obrach is dian-thogradh luchd-ealain; a' toirt fàs air cothroman ùra eadar-nàiseanta do dh'ealain is cultar na Cuimrigh agus a' cur seilbh ann an co-obrachadh luchd-ealain a bhrosnaicheas daoine ann an iomadh coimhearsnachd sa Chuimrigh agus gan ceangal ri chèile.

Tha co-bhanntachd de bhuidhnean ciùil Cuimreach nan com-pàirtichean aig prògram Spotlight Cymru Wales 2022, a' gabhail a-staigh Focus Wales, Neuadd Ogwen, Butetown Arts & Culture Association, BBC Cymru Wales, S4C, Riaghaltas na Cuimrigh, Comhairle Bhreatainn, Theatr Mwlana, trac, Tŷ Cerdd, Pyst agus an Eisteddfod Nàiseanta.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh aig [Showcase Scotland](#) agus [Celtic Connections](#) no [Wales Arts International](#).